

Am Baile: Cùmhnant samhlach a' còmhach Chòirichean Seilbhe Inntleachdail

Aonta air anlatha den..... 20.....

1. Tha an t-aonta seo eadar ris an canar

a-nis 'An Co-thabhartaiche' aig a bheil an seòladh

.....

agus Comhairle na Gàidhealtachd ris an canar a-nis 'THC' aig a bheil an seòladh
Togalach na Comhairle, Rathad Ghleann Urchadain, Inbhir Nis IV3 5NX.

'S ann leis A' Cho-thabhartaiche a tha rud no cruinneachadh de rudan a tha [e/i] airson
leigeil le THC a chleachdadh. Tha THC airson an rud/an cruinneachadh a
dhidsiotachadh, i.e. a chopaigneadh ann an cruth a ghabhas cumail agus/no coimhead
air coimpiutair no uidheam eleactronaigeach eile airson feum prìobhaideach, neo-
mhalairteach no foghlaim.

2. Tha An Co-thabhartaiche ag aontachadh leigeil le THC:

a. An stuth a chopaigneadh agus atharrachaidhean riatanach sam bith a
dhèanamh airson gum bi e ri fhaotainn leis a' mhòr-shluagh. 'S dòcha gum
feum an stuth a dheasachadh air neo ìomhaigh a dhèanamh nas fheàrr me le
bhith ga dhèanamh nas gèire no nas soilleire ach an gabh coimhead air an
làraich-lìn

b. An stuth fhoillseachadh air làrach-lìn *Am Baile* air dòigh reusanta sam bith

c. Leigeil le luchd-cleachdaidh làrach-lìn *Am Baile* an stuth a chopaigneadh
airson feum prìobhaideach no foghlaim.

d. An stuth a chopaigneadh no a chleachdadh airson adhbhar sam bith co-
cheangailte ri stiùireadh na làraich-lìn, me sanasachd, sgrùdadh no measadh

Tha An Co-thabhartaiche a' toirt cead do THC agus do luchd-cleachdaidh làrach-lìn
Am Baile an stuth a chleachdadh, anns na dòighean a tha ainmichte gu h-àrd, air feadh
an t-saoghail agus gus an tig brath a bharrachd.

Cha chuir An Co-thabhartaiche cosgais air THC airson seo, agus chan fhaigh e
pàigheadh sam bith bho THC. Bheir THC copaidh den riochd didsiotaichte don Cho-
thabhartaiche airson a chleachdadh mar a thogras [e/i].

Chan eil an t-aonta seo a' cur bacadh air A' Cho-thabhartaiche bho bhith leigeil le daoine no buidhnean eile an t-aon stuth a chleachdadh.

3. BARANTAS

Tha An Co-thabhartaiche a' dearbhadh do THC agus do luchd-cleachdaidh na làraich-lìn:

- a. gu bheil cead [aige/aice] leigeil le THC an stuth a chleachdadh anns na dòighean ainmichte ann an earrann 2 den aonta seo
- b. gu bheil cead [aige/aice] an stuth fhaighinn air a dhidsiotachadh (air a chopaigeadh gu riochd a ghabhas leughadh agus taisbeanadh le coimpiutair)
- c. nach eil [e/i] air aonta a dhèanamh ri neach no buidheann eile a bheireadh buaidh air cumhaichean an aonta seo (me a' leigeil le neach eile a-mhàin an stuth a chleachdadh)
- d. nach eil a' Mhaoin airson Chothroman Ùra, THC no luchd-cleachdaidh *Am Baile* a' briseadh a-steach air dlighe-sgrìobhaidh no Còirichean Seilbhe Inntleachdail neach eile le bhith a' cleachdadh an aonta seo
- e. nach eil cliù-mhilleadh, tuaileas no drabastachd anns an stuth

4. Faodaidh THC ceumanna reusanta a ghabhail gus stad a chur air neach sam bith stuth air làrach-lìn *Am Baile* a chleachdadh ann an dòighean nach eil cheadaichte. 'S dòcha gun toir seo buaidh air mathas na h-ìomhaigh a nochdas air an làraich-lìn, me le bhith a' cur comharradh-uisge rithe. Chan eil THC a' dol an urras gun cuir na ceumanna sin stad air cleachdadh neo-cheadaichte.

5. An-dràsta chan eil cosgais mu choinneamh luchd-cleachdaidh *Am Baile*. Ma chuireas THC roimhe cosgais a chur orra san àm ri teachd, innsidh THC dhan Cho-thabhartaiche. Bith cothrom aig A' Cho-thabhartaiche an uair sin cead a tharraing agus thèid an stuth a thoirt far na làraich-lìn air a' chiad chothrom a bhios ann.

6. Bheir An Co-thabhartaiche an stuth do THC ann an cruth aontaichte. Pàighidh *Am Baile* airson an rud atharrachadh gu cruth a tha freagarrach airson a chleachdadh air làrach-lìn *Am Baile* agus bheir THC copaidh den riochd seo don Cho-thabhartaiche airson a chleachdadh mar a thogras [e/i]. Thèid am bun-stuth a thilleadh don Cho-thabhartaiche.

7. Cuirear an t-aonta seo an gnìomh nuair a chuireas An Co-thabhartaiche agus THC an ainmean ris, agus leanaidh e gus an tig brath a bharrachd.

8. Faodaidh An Co-thabhartaiche agus THC an t-aonta a thoirt gu ceann ma:

- a. thèid cumhaichean an aonta a bhriseadh agus mura tèid a' chùis a rèiteachadh taobh a-staigh 30 latha AIR NEO

b. bheir An Co-thabhartaiche no THC an stuth a-staigh ann an aonta leis an luchd-fiach [aige/aice]

c. thèid gnothaichean A' Cho-thabhartaiche no THC a thoirt gu crìoch (ach airson ath-òrdachadh a dhèanamh orra ~~no~~ amalachadh ri gnìomhachas no buidheann eile) air neo ma thèid neach-trusaidh fiach a chur an dreuchd.

Deleted: ne

9. Bidh an t-aonta seo air a riaghladh le Lagh Alba.

10. Chan eil An Co-thabhartaiche no THC fo fhiachan ma bhios call sam bith ann air neo mura cuir iad gin de riatanasan an aonta seo an sàs air sgàth adhbharan air nach robh smachd aca.

11. Chan fhaod An Co-thabhartaiche no THC na còraichean no na dleastanasan aca fon aonta seo atharrachadh gun cead sgrìobhte a' chom-pàirtiche eile fhaighinn ro làimh.

[12. Tha THC a' moladh gum bu chòir dhan Cho-thabhartaiche bruidhinn ri Seirbheis Thasglann Chomhairle na Gàidhealtachd mu bhith a' gleidheadh an stuth sa cheann fhada.](#)

Tha na leanas, aig a bheil ùghdarras ainm a chur ris, a' gabhail ris an aonta seo:

AINM SGRÌOBHTE.....

Ainm buidhne no neach air leth

AM FIANAIS:

Seòladh

AINM SGRÌOBHTE

COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD

AM FIANAIS:

Bidh Aipeandaig A ann, le mion-iomradh air an stuth.

